

# Fionn Finity agus Slighe Matamataig an Sù

## Notaichean Luchd-teagaisg

### 1. Fiosrachadh coitcheann

'S e sgeulachd eadar-ghniomhach a th' ann am *Fionn Finity agus Slighe Matamataig an Sù* as urrainn dhut a leughadh còmhla ri do chlas. Tha an sgeulachd stèidhichte aig Sù Dhùn Èideann agus tha tòimhseachain is gnìomhan Matamataig ann.

Gheibhear na caibideilean, na tòimhseachain agus na notaichean taice uile bhon làrach-lìn againn aig <https://mathsweek.scot/schools/learning-resources/slighe-matamataig-an-su>

#### Ciamar a tha e ag obair?

Tha 5 caibideilean ann, agus crìoch-sgeòil goirid. Leugh gach caibideil leis a' chlas agad, agus an uair sin fuasgail tòimhseachan a' chaibideil sin. Tha notaichean taice ann airson gach tòimhseachain gu h-ìosal.

'S e am beachd gum faod thu an sgeulachd a dhèanamh thairis air seachdain sgoile, Diluain gu Dihaoine, a' leughadh aon chaibideil gach latha (leis a' chrìoch-sgeòil ga leughadh air an latha mu dheireadh). Tha seo gus a dhèanamh furasta a fhreagrach ris a' phlana leasain agad, agus a bhith na ghniomhachd shnog ris am bi a' chlann a' coimhead air adhart gach latha san t-seachdain sin. Ach, mura h-eil seo ag obair dhutsa, faodaidh tu clàr-ama eadar-dhealaichte a thaghadh. Faodar an sgeulachd shlàn a luchdachadh sìos mar phasgan, agus mar sin chan fheum thu feitheamh gus an tèid caibideilean sam bith fhoillseachadh.

Tha *Fionn Finity agus Slighe Matamataig an Sù* anabarrach math airson beagan spòrs Matamataig aig deireadh na teirm, mar fhòcas làitheil tro Sheachdain Matamataig na h-Alba, no aig àm sam bith eile den bhliadhna a fhreagras air a' phlana leasain agad.

#### Ciamar a bhios fios agam càite anns na caibideilean a bu chòir dhuinn na tòimhseachain a dhèanamh?

Tha stiùireadh anns na caibideilean a' sealtainn cuin a nì thu na tòimhseachain. San fharsaingeachd, faodar na tòimhseachain a dhèanamh aig deireadh gach caibideil, gus nach cuir thu dragh air innse an sgeòil.

#### Carson a tha dà dhreach den sgeulachd ann?

Tha sinn air dà dhreach den sgeulachd a chruthachadh – dreach dathte, agus dreach teacsa a-mhàin.

Is e an aon sgeulachd a th' anns gach dreach, ach tha ìomhaighean anns an dreach dhathte. Is e seo an dreach a bhios sinn a' roinn air na meadhanan sòisealta, agus tha e nas fhreagarrache do luchd-ionnsachaidh aig an taigh, do theaghlaichean no do dhaoine fa leth a tha a' leughadh an sgeòil.

Chaidh an dreach teacsa a-mhàin a chruthachadh gu sònraichte do thidsearan. Tha taisbeanadh-shleamhnagan PowerPoint còmhla ris anns a bheil na h-ìomhaighean uile. Faodaidh tidsearan an sgeulachd a leughadh a-mach agus na h-ìomhaighean a shealltann air a' chlàr-gheal aca gus am

faic a h-uile duine sa chlas iad. Tha stiùireadh anns an dreach teacsa a-mhàin ag innse dhut cuin a sheallas tu gach sleamhnag, agus cuin a nì tu gach tòimhseachan.

Ma chailleas sgoilear caibideil den sgeulachd leis gun robh iad dheth an latha sin, chì iad an dreach dathte aig an taigh air an làrach-lìn again <https://mathsweek.scot/schools/learning-resources/slighe-matamataig-an-su>

### **Am bu chóir sgoilearan na tòimhseachain a dhèanamh leotha fhèin no còmhla mar chlas?**

A bharrachd air Caibideil 3, a tha na ghnìomhachd tarraing, faodaidh sgoilearan na tòimhseachain uile a dhèanamh leotha fhèin, no còmhla mar bhuidheann no clas. Ge bith dè as fheàrr dhutsa.

### **Am feum mi rud sam bith a chlò-bhualadh?**

'S e gnìomhachd tarraing ealain co-chothromachd a th' ann an Caibideil 3 agus feumaidh tu teamplaid a chlò-bhualadh.

Faodar na tòimhseachain eile a dhèanamh air an sgrion – an dùrna cuid air am proiseactadh air bòrd-geal no le sgoilearan a' cleachdadh an innealan fhèin – ged a dh'fhaodadh gum bi feum air peansail is pàipear airson notaichean.

### **Dè an aois air a bheil e ag amas?**

Tha an sgeulachd ag amas air a' Chiad agus an Dàrna ìre. Ach, is dòcha nach bi luchd-ionnsachaidh nas òige sa Chiad ìre air a h-uile bun-bheachd matamataigeach anns na tòimhseachain a dhèanamh fhathast, agus mar sin tha e nas fhreagarrache do BS3/BS4 agus air adhart. A bharrachd air a' ghnìomhachd tarraing ann an Caibideil 3, tha dà ìre de dhuitgheadas anns na tòimhseachain uile.

### **A bheil fuasglaidhean an cois nan tòimhseachan?**

Tha. Thig fuasgladh le gach tòimhseachan. Tha sinn air rabhaidhean a chur a-steach, gus nach fhaic thu na fuasglaidhean gun fhiosta mus bi thu deiseil.

### **Carson a tha am mapa ann?**

Leigidh am mapa leat turas Fhinn a leantainn timcheall air Sù Dhùn Èideann. Chan eil ann ach spòrs, agus chan eil e riatanach don sgeulachd. Faodaidh teaghlaichean no daoine fa leth a thadhlas air Sù Dhùn Èideann am mapa a chleachdadh cuideachd gus ceumannan Fhinn a leantainn ann an àm fior.

### **A bheil duais ann airson na tòimhseachain fhuasgladh?**

Leigidh an crioch-sgeòil leat duilleag 'dhìomhair' fhosgladh air an làrach-lìn againn, far am faod thu teisteanasan a luchdachadh sìos airson do sgoilearan. Bidh e comasach dhut cuideachd rud eile a ghabhas a chlò-bhualadh an-asgaidh a luchdachadh sìos, ach chan eil sinn airson innse dè!

### **Ceistean sam bith eile?**

Ma tha thu a' strì le rud sam bith no ma tha ceistean sam bith eile agad, na bi leisg post-d a chur thugainn aig mathsweekscot@nms.ac.uk

Ach, cuimhnich nach eil an sgioba againn ag obair ach bho Dhiliuain gu Diardaoin.

## 2. Notaichean air na Tòimhseachain

### Caibideil 1

Tha an tòimhseachan seo a' dèiligeadh ri bloighean agus àireamhachd agus tha dà phàirt ann. Ann am Pàirt 1, feumaidh tu an toiseach àireamh a roinn ann an lethean agus trianan, agus an uair sin feumaidh tu beagan cur-ris agus toirt-air-falbh a dhèanamh.

Tha Pàirt 2 a' togail air na freagairtean bho Phàirt 1. An turas seo, feumaidh na sgoilearan roinneadh a dhèanamh.

Dh'haodadh luchd-ionnsachaidh stuthan-làimhseachaidh a chleachdad gus an cuideachadh ma tha sin riatanach.

A rèir ìre agus comas, faodaidh tu co-dhùnadh direach Pàirt 1 a dhèanamh. Chan eil Pàirt 2 a' tarraing aire bhon sgeulachd.

*Thoir fa-near: Chan eil an àireamh de chinn-fhionna agus èisg san tòimhseachan seo ach mar eisimpleir. Tha mòran a bharrachd air 16 ceann-fionn aig Sù Dhùn Èideann agus tha feumalachdan beathachaidh eadar-dhealaichte aig na diofar ghnèithean.*

### Caibideil 2

Tha an tòimhseachan seo a' dèiligeadh ri tomhasan agus tha dreachan ann airson na Ciad ìre agus na Dàrna ìre. Tagh am fear as fhreagarraiche do luchd-ionnsachaidh fa leth.

Anns a' Chiad ìre, feumaidh luchd-ionnsachaidh tomhasan trì-fhigearach (ann an cm) a chur an òrdugh bhon fheadhainn as lugha chun an fheadhainn as mothà, agus iomhaighean shiorafan a sheòrsachadh a rèir àirde.

Anns an Dàrna ìre, is e measgachadh de dhiofar aonadan (mm, cm, m) na tomhasan a dh'fheumar òrdachadh agus feumaidh luchd-ionnsachaidh an tionndadh uile chun an aon aonad an toiseach.

*Thoir fa-near: Tha na tomhasan san tòimhseachan seo direach mar eisimpleir, stèidhichte air àirdean cuibheasach shiorafan. Chan e seo fior àirdean nan siorafan aig an sù.*

### Caibideil 3

Airson a' chaibideil seo, thathar ag iarraidh air luchd-ionnsachaidh beagan ealain Matamataig co-chothromachd a chruthachadh. Tagh bho thri teamplaidean eadar-dhealaichte, agus iad uile a' riochdachadh gnèithean bheathaichean air an ainmeachadh san sgeulachd.

Tha dreach dathte agus dreach dubh is geal ri fhaighinn, freagarrach airson clò-bhualadh. Ma tha thu airson clò-bhualadh a sheachnad gu tur, dh'haodadh tu do ghniomhachd ealain co-chothromachd fhèin a chleachdad.

### Caibideil 4

Tha an tòimhseachan seo a' dèiligeadh ri làimhseachadh dàta agus tha dreachan ann airson na Ciad ìre agus na Dàrna ìre. Tagh am fear as fhreagarraiche do luchd-ionnsachaidh fa leth.

Airson an dà ìre, cunnt an toiseach an dà ghnè eadar-dhealaichte de mhuncaidh anns gach 'sgiath'. Is dòcha gum bi iad duilich fhaicinn, ach tha seo a' nochdad mar tha muncaidhean

duilich a dhèanamh a-mach am measg na tha timcheall orra ann am fior bheatha. Mura h-eil na sgoilearan air comharran-cunntaidh a dhèanamh fhathast, dìreach cunnt às aonais chomharran-cunntaidh.

*Thoir fa-near: Tha lethbhreacan mòra den dà iomhaigh (Sgiath an lar agus Sgiath an Ear) rim faighinn ann am Pasgan nan Tidsearan, a bha ro mhòr airson an cur don PhowerPoint.*

Thèid iarraidh air na sgoilearan an uair sin na co-dhùnайдhean aca a thaisbeanadh ann an clàr-cholbhan, ach a-rithist, mura h-eil sibh air clàran-cholbhan a chòmhdaidh fhathast, fàg a' phàirt sin a-mach.

Tha gniomh a bharrachd aig an dàrna ìre: clàran-cearcaill a chruthachadh a' sealltainn dè a' cho-roinn de na muncaidhean a tha bho gach gnè.

*Thoir fa-near: Chan eil àireamhan nam muncaidhean san tòimhseachan seo ach mar eisimpleir, agus tha iad eadar-dhealaichte bhon fhòr àireamh de mhuncaidhean ann am Bannan Beò.*

## Caibideil 5

Tha tòimhseachan loidigeach sa chaibideil seo, agus mar sin tha e a' dèiligeadh ri smaoineachadh loidigeach agus reusanachadh. Tha dreach don Chiad ìre agus don Dàrna ìre ann. Tagh am fear as fhreagarrache do luchd-ionnsachaидh fa leth.

Tha dùblain nas phasa ann an dreach na Ciad ìre, le aon fhreagairt a dh'fhaodte fhaighinn sa bhad. Chan eil am Faidhle Fiosrachaидh Ainmhidhean ach airson fiosrachadh a bharrachd.

Anns an Dàrna ìre, tha cuid de na dùblain a' toirt a-steach coimhead ris an Faidhle Fiosrachaидh Ainmhidhean gus faighinn a-mach dè am beathach air a bheileas a' bruidhinn. Tha na dùblain beagan nas duilge cuideachd, leis gum faodadh beathach a bhith air a chur ann an aon de ghrunn shreathan an toiseach, rud nach tèid fhuasgladh ach le fiosrachadh nas fhaide air adhart. Mar sin, tha feum air smaoineachadh loidsigeach beagan nas adhartaiche.

Faodaidh gearradh a-mach dealbhan nan ainmhidhean gus an gluasad timcheall cuideachadh le obrachadh tro na diofar roghainnean. *Please note: In real life, most of these animals inhabit more than one layer.*

*Thoir fa-near: Ann am fior bheatha, bidh a' mhòr-chuid de na beathaichean seo a' fuireach ann am barrachd air aon shreath. Airson an tòimhseachain seo, tha sinn air a dhèanamh nas simplidhe agus air an cur san t-sreath aig a bheil an ceangal as mothà aca. Cuideachd, mar a chithear san sgeulachd, tha na beathaichean seo a' fuireach ann an diofar choilltean-uisge air feadh an t-saoghal, chan eil iad uile a' fuireach còmhla.*

## Epilogue

Tha an sgeulachd a' crìochnachadh le Fionn Finity ag òrdachadh litrichean nan cairtean-puist a chruinnich e, gus an abairt 'Wild Maths' fhoillseachadh. Ma bhios duilgheadas aig sgoilearan ag òrdachadh nan litrichean, faodaidh tu an stiùireadh gu Caibideil 3 airson cuideachadh, far a bheil Fionn a' toirt iomradh air an taisbeanadh 'Wild Maths' aige.

Faodar an abairt a chleachdadh an uair sin gus an URL [www.mathsweek.scot/wildmaths](http://www.mathsweek.scot/wildmaths) a chriochnachadh agus an duilleag fhalaichte fhuasgladh.